

Sealbh

Tha sealbh aig Stiùiriche nam Batharan air an sgrìobhainn seo.

Seòladh 'son fios

Ma tha ceist agaibh mu ghnòthach sam bith anns an sgrìobhainn seo, cuiribh fios gu Oifigear Ceangail Ainmean-Àite Gàidhlig an t-Suirbhidh Òrdanais tro Loidhne Taice an t-Suirbhidh Òrdanais.

Comharran-ciùird

Tha Ordnance Survey, Suirbhidh Òrdanais, Comharra OS agus OS Landplan nan comharran-ciùird clàraichte airson an t-Suirbhidh Òrdanais, a' bhuidheann nàiseanta clàradh tìre am Breatainn.

Clàr-innse

Earrann	Duilleag
1 Ro-ràdh	2
2 Raon.....	2
3 Prionnsabail choitcheann airson ainmean Gàidhlig a làimhseachadh	3
3.1 Bidh Suirbhidh Òrdanais:	3
3.2 Cha bhi Suirbhidh Òrdanais:	3
4 Bun-fiosrachaidh Ùghdarrasail	4
4.1 Bidh Suirbhidh Òrdanais:	4
4.2 Cha bhi Suirbhidh Òrdanais:	4
5 Cruinneachadh (cruinneachadh fiosrachaidh)	4
5.1 Bidh Suirbhidh Òrdanais:	4
5.2 Cha bhi Suirbhidh Òrdanais:	4
6 Clàradh	5
6.1 Bidh Suirbhidh Òrdanais:	5
7 Obrachadh	5
7.1 Bidh Suirbhidh Òrdanais:	5
7.2 Cha bhi Suirbhidh Òrdanais:	5
8 Raon-ama	5
8.1 Bidh Suirbhidh Òrdanais:	5

Leas-phàipear

Leas-phàipear A	Seòrsachadh Ainmean	6
	A.1 Earrann na h-àrainneachd nàdarra	6
	A.2 Earrann na h-àrainneachd a rinneadh le daoine	6
	A.3 Earrann na h-àrainneachd rianachd	7
Leas-phàipear B	Ùghdarrasan airson ainmean Gàidhlig	8
	B.1 Ghabhadh comhairle bho na Buidhnean Ùghdarrasail a leanas	8
	B.2 Ghabhadh comhairle bho na Daoine Ùghdarrasail fa leth a leanas	8
Leas-phàipear C	Beag-fhaclair	9
Leas-phàipear D	Sgrìobhainnean buntainneach	9

1 Ro-ràdh

Tha an sgrìobhainn seo mu phoileasaidh ainmean Gàidhlig suidhichte taobh a-staigh poileasaidh corporra ainmean Suirbhidh Òrdanais (OS) 1999, a dh'fheumas dòigh-làimhseachaidh cho-chòrdail a thaobh stuthan clàraidh Suirbhidh Òrdanais air fad.

An-dràsta, tha a' Ghàidhlig mar chànan traidiseanta coimhearsnachd, air a cuingealachadh sa chumantas ris na h-Eileanan Siar. Ach, a bharrachd air an seo, tha co-chruinneachaidhean cudromach de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Glaschu, Dùn Èideann agus Inbhir Nis, agus air Taobh Siar na Gàidhealtachd, cho math ri àireamhan beaga, ach fhathast cudromach, **air feadh na h-Alba**. Tha ainmean a thàinig às a' Ghàidhlig no a tha ann an litreachadh Gàidhlig gan cleachdadh **air feadh na h-Alba** (ach a-mhàin ann an Arcaibh is Sealtainn).

Tha Suirbhidh Òrdanais a' gabhail ris gu bheil cànanan lùthmhor agus buailteach a bhith ag atharrachadh. Tha grunn chultaran air buaidh a thoirt air a' Ghàidhlig, fear de na cànanan as sine san Roinn Eòrpa. Le mòran co-chomhairleachaidh¹ le ùghdarrasan ionadail, prìomh bhuidhnean Albannach, comainn agus sgoilearan, tha sinn air feuchainn ri bhith cothromach is aig an aon àm a' feuchainn ris a' mhòr-chuid dhen luchd-cleachdaidh mheasgaichte a riarachadh.

Thathar air a bhith a' togail an tasglainn *ainmean* againn airson ùine fhada le làmh-chruinneachadh de dh'fhianais lèirsinneach is ùghdarrasail. Airson leantainn air creideas a ghleidheadh sna stuthan a tha againn mar-thà agus nar comas air coinneachadh gu tur ri feuman margaidean chlàran-tìre san àm ri teachd, feumaidh sinn cruinneachadh *ainmean* agus poileasaidh gleidhidh nas èifeachdaiche a thoirt air adhart.

Tha luchd-cleachdaidh a' dèanamh barrachd is barrachd feum de mheasgachadh de na stuthan againn. Tha seo air cho tric 's a dh'fhaodas litreachadh is dealbh-chunntas ainme atharrachadh a shoilleireachadh. Tha e reusanta gum bi luchd-cleachdaidh a' sùileachadh gum bi fiosrachadh mu *ainmean* air a thaisbeanadh le co-chòrdaileachd sna stuthan againn gu lèir. Le bhith a' cur às do neo-riaghailteachd an ainmean nar stòran-dàta agus a' comharrachadh bun-fhiosrachadh ùghdarrasail, bidh gleidheadh nas simplidhe is cosgaisean nas ìsle.

Gu ruige seo tha an sgrìobhainn poileasaidh seo a' mìneachadh a' phrionnsabail, nan dòighean is nam modhan a tha rin leantainn ann a bhith a' cruinneachadh is a' toirt dealbh-chunntais air ainmean Gàidhlig, far a bheilear gan cleachdadh san àbhaist, air clàran tìre is stuthan Suirbhidh Òrdanais.

2 Raon

Tha an sgrìobhainn poileasaidh seo a' còmhdach cleachdadh is dealbhachadh ainmean, a' cleachdadh siostam litreachaidh na Gàidhlig air na mapaichean agus air na batharan againn. Tha mòran de na prionnsabalan san sgrìobhainn seo freagarrach a thaobh làimhseachadh is cleachdadh ainmean Scots.

Tha am facal *ainmean* san sgrìobhainn seo a' buntainn ri ainmean *sònraichte* a-mhàin, mar eisimpleir, Steòrnabhagh, chan e ainmean *dealbhach* mar eisimpleir, grid-cruidh.

¹ Vincent 1999

3 Prionnsabalan choitcheann airson ainmean Gàidhlig a làimhseachadh

3.1 Bidh Suirbhidh Òrdanais:

- a' toirt taic is cuideachadh do dh' iomairt Riaghaltas na h-Alba ann a bhith ag adhartachadh Cultar na h-Alba tro dhealbh-chunntas fhreagarrach airson Ainmean Gàidhlig;
- a' dèanamh cinnteach à tìr-eòlas co-cheangailte le com-pàirt a ghabhail am buidhnean-obrach Gàidhlig, comataidhean agus foghlam tro mheadhan na Gàidhlig mar a tha iomchaidh;
- a' feuchainn ri co-chòrdaileachd a choileanadh ann an dealbh-chunntas ainmean anns gach sreath de mhapaichean agus anns na batharan aige gu lèir;
- a' gabhail ris na molaidhean agus na cleachdaidhean a dh'èirich à Proiseact Faclair na Pàrlamaid sa Chèitein 2001, agus an uairsin a' leantainn mholaidhean Ùghdarras Teisteanasan na h-Alba (SQA) a thaobh litreachadh;
- a' dèanamh cinnteach gun toirear aire, an dà chuid do chleachdadh coitcheann is do dh'fhianais bho chruth eachdraidheil, nuair a thathar a' mineachadh litreachadh/dealbh-chunntas ainme;
- a' sireadh ùghdarras iomchaidh, tro bhuidhinn a tha aithnichte san fharsaingeachd airson inbhe a stèidheachadh, a thaobh dealbh-chunntas a dhèanamh air Ainmean Gàidhlig, ach, far an èirich easaonta, a' dèanamh an deasachaidh dheireannaich gus a bhith cinnteach gum bi na mapaichean is na batharan aig ìre iomchaidh;
- a' leantainn air cruinneachadh is ùghdarrasachadh ainmean le ceangal is co-chomhairle le coimhearsnachdan ionadail agus Oifigearan Gàidhlig nan Ùghdarrasan Ionadail mus cruthaichear, ma dh' fhaoidte, comataidh inbhean²;
- ag obair còmhla ri prìomh bhuidhnean-stèidhte, chomainn is dhaoine fa leth a dhèanamh cinnteach à co-chòrdaileachd a thaobh dealbh-chunntas air ainmean Gàidhlig – comharraichte an Leas-phàipear B; agus
- a' riarachadh stòrasan gus cur ri tuigsinn Suirbhidh Òrdanais mu ainmean Gàidhlig is mun buaidh is mun cudromachd a thaobh Cultar na h-Alba.

3.2 Cha bhi Suirbhidh Òrdanais:

- na prìomh Ùghdarras airson ainmean Gàidhlig; no
- ag atharrachadh gu Gàidhlig ainmean sam bith a tha an cruth gallda an-dràsta le ùghdarras neach fa leth sam bith.

² Moladh bho *Developing a Gaelic Maps Initiative 1993* aig Iomairt na Gàidhealtachd & nan Eilean. Coltach ann an cruth ri Coimisiùn Logainmneacha na hÉireann, a tha air tighinn gu bhith na bhuidhinn fiosrachaidh airson ainmean-àite oifigeil Éireannach agus an riochdan air mapaichean Suirbhidh Òrdanais (Éirinn).

4 Bun-fiosrachaidh Ùghdarrasail

4.1 Bidh Suirbhidh Òrdanais:

- a' toirt ri chèile co-aonta air cruth is litreachadh iomchaidh ainmean Gàidhlig tro Ainmean-Àite na h-Alba;
- a' leantainn riochd an là an-diugh airson Gàidhlig a rèir aonta Ùghdarras Teisteanasan na h-Alba; agus
- a' co-òrdanachadh atharrachadh ainme sam bith leis an ùghdarras ionadail tron Oifigear Ceangail airson Ainmean Gàidhlig.

4.2 Cha bhi Suirbhidh Òrdanais:

- a' gabhail ri breithneachadh aon neach a-mhàin ann am beachdachadh air ainmean Gàidhlig far am faod easaonta bhith mu litreachadh no dreachd.

5 Cruinneachadh (cruinneachadh fiosrachaidh)

5.1 Bidh Suirbhidh Òrdanais:

- an dàimh ri prionnsabal an Stòr-dàta Nàiseanta Mion-chunntas Tìre (NTD) a tha air ath-dhealbh, a' cruinneachadh aon uair, a' cleachdadh iomadh uair; ag amas air co-chòrdaileachd air feadh a mhapaichean is a bhatharan air fad le bhith a' cleachdadh an raoin ainmean mar a phrìomh bhunait;
- a' cruinneachadh ainmean Gàidhlig dà-chànanach, far am faighear iad, airson feartan ann an *earrainn na h-àrainneachd a rinneadh le daoine* (Leas-phàipear A.2);
- a' cruinneachadh Ainmean Gàidhlig airson feartan ann an *earrainn na h-àrainneachd rianachd* far a bheil an t-ùghdarras aithnichte air an t-ainm a shònrachadh an Gàidhlig (Leas-phàipear A.3.);
- ag amas air co-chòrdaileachd a choileanadh ann an litreachadh far a bheil an aon riochd ainme air feartan nàdarra, mar eisimpleir, abhainn, loch is beinn;

5.2 Cha bhi Suirbhidh Òrdanais:

- a' cur ainmean dà-chànanach air feartan a tha a' tighinn taobh a-staigh *Earrann na h-àrainneachd nàdarra*, mar a tha air a mhìneachadh an Leas-phàipear A.1, a-mach bho phrìomh chuspairean.

6 Clàradh

6.1 Bidh Suirbhidh Òrdanais:

- a' cruinneachadh ainmean dà-chànanach taobh a-staigh nan earrannan Àrainneachd Nàdarra agus Àrainneachd a rinneadh le daoine, a' toirt inbhe cho-ionann do Bheurla is Gàidhlig le bhith a' dealbhadh an ainm san aon seòrsa is meud clò. Dh'fhaodhadh seo a bhith fo ùmhlachd chuingealachaidhean corporra a' phròiseas mhapaich agus sgèile nam mapaichean;
- a' sireadh stiùiridh bhon ùghdarras ionadail nuair a thathar a' sealltainn ainmean dà-chànanach;
- a' sealltainn na dreachd Gàidhlig an toiseach, nuair a thathar a' dealbhadh ainmean dà-chànanach;
- a' leantainn Mhodhan Litreachaidh na Gàidhlig (GOC2) far an gabh sin dèanamh anns an NTD; agus
- a' cleachdadh stiùireadh cruinneachaidh is gleidhidh airson dealbh-chunntais air ainmean Gàidhlig gus dèanamh cinnteach à co-chòrdaileachd cleachdaidh is litreachaidh.

7 Obrachadh

7.1 Bidh Suirbhidh Òrdanais:

- ag amas air raon ainmean NTD a chleachdadh gus batharan mapaidh co-cheangailte ri ainmean a chruthachadh agus ùrachadh.

7.2 Cha bhi Suirbhidh Òrdanais:

- ag eadar-theangachadh Gàidhlig gu Beurla no Beurla gu Gàidhlig gus innleachd a dhèanamh airson 's gum bi 100% de dh'ainmean dà-chànanach.

8 Raon-ama

Greasaidh Suirbhidh Òrdanais am poileasaidh seo air taobh a-staigh nan cuingealachaidhean teanna ionmhasail fo bheil sinn ag obair mar Buidheann-ghnìomha le inbhe maoine malairt.

8.1 Bidh Suirbhidh Òrdanais:

- ag ùrachadh mhapaichean bailteil a rèir a' phoileasaidh seo mar phàirt den phròiseas ath-sgrùdaidh leantainneach aige;
- ag ùrachadh mhapaichean dùthchail a rèir a' phoileasaidh seo mar phàirt den phròiseas ath-sgrùdaidh chuirteach aige;
- ag ùrachadh mhapaichean beinne is monaidh a rèir a' phoileasaidh seo mar phàirt den phròiseas ath-sgrùdaidh chuirteach aige;
- ag amas air na prionnsabalan airson ainmean Gàidhlig a chur an gnìomh taobh a-staigh bhatharan eile mar a thathar gan dèanamh no gan ath-sgrùdadh, mar eisimpleir, mapadh Landranger, Landplan®, Explorer agus Outdoor Leisure.

Leas-phàipear A: Seòrsachadh Ainmean

Tha a h-uile ainm **an NTD** an aon de na trì prìomh roinnean gu h-ìseal:

A.1 Earrann na h-àrainneachd nàdarra

Bu chòir a bhith a' dùileachadh **co-chòrdaileachd** a choileanadh, agus, far a bheil an aon ainm air feartan nàdarra, bu chòir dhan litreachadh a bhith co-ionann, m.e. abhainn, loch, beinn.

San àbhaist cha tèid ach aon ainm a shealltainn, agus 's e seo an cruth ris a bheilear a' gabhail gu h-ionadail agus/no gu eachdraidheil, co dhiubh is ann an Gàidhlig no am Beurla. Faodar eisgeachdan a dhèanamh airson prìomh fheartan.

Ri bhith a' gabhail a-steach Beurla no Gàidhlig:

Feart	Eisimpleirean	Ùghdarras airson stiùireadh	Eisgeachdan
Cruthan talmhainn	Eileanan Beanntan Cruic Rudhannan Creagan	Mapadh eachdraidheil agus cleachdadh ionadail Ainmean-Àite na h-Alba (AÀA)	Eisgeachdan airson prìomh fheartan far a bheil cleachdadh stèidhichte ann a thaobh an riochd dà-chànanaich, mar eisimpleir: Eilean Leòdhais/Isle of Lewis Am Bràigh Riabhach/Braeriach
Uisge	Aibhnichean Sgìrean mara Bàghan is lochan	Mapadh eachdraidheil agus cleachdadh ionadail Ainmean-Àite na h-Alba	Eisgeachdan airson prìomh fheartan

A.2 Earrann na h-àrainneachd a rinneadh le daoine

Anns an àrainneachd a rinneadh le daoine, bithear a' cleachdadh ainmean dà-chànanach far a bheil iad san àite agus far a bheil muinntir na coimhearsnachd a' gabhail riutha is gan cleachdadh.

Far am faighear iad cruinnichear ainmean dà-chànanach airson an gleidheadh nar stòran-dàta. Ach, far nach eil rùm gu leòr ri fhaotainn air mapaichean, thèid prìomhachas a thoirt don dreachd Bheurla a-mhàin air a' mhapa.

Ri bhith a' gabhail a-steach ainmean dà-chànanach far a bheilear gan cleachdadh:

Feart	Ùghdarras airson stiùireadh	Eisimpleirean
Bailtean	Ùghdarras ionadail	Steòrnabhagh/Stornoway
Ainmean Rathaidean is Shràidean	Ùghdarras ionadail	Rathad a' Mhaoir/Constable Road
Ainmean Thogalaichean	Clàr-ainme	
Coilltearachd (Dèante le daoine)	Ùghdarras na Coilltearachd/Luchd-seilbhe	Strathy Forest
Mion-ainmean eile	Clàr-ainme/Luchd-seilbhe	

A.3 Earrann na h-àrainneachd rianachd

Ri bhith a' gabhail a-steach Beurla no Gàidhlig mar a dhearbhas an t-ùghdarras:

Feart	Ùghdarras	Eisimpleirean
Ainmean Crìche nan Ùghdarrasan ionadail	Ùghdarras nan Crìochan	Na h-Eileanan an Iar Co Const
Ainmean Crìche EU	Ùghdarras nan Crìochan	Highlands & Islands Euro Const
Aonadan rianachd ainmichte eile	Luchd-seilbhe/Riaghaltas na h-Alba	

Leas-phàipear B: Ùghdarrasan airson ainmean Gàidhlig

B.1 Ghabhadh comhairle bho na buidhnean is na daoine ùghdarrasail fa leth a leanas nuair a bhathar ag ullachadh na ciad dhreachd den sgrìobhainn seo.

Comunn na Gàidhlig

Roinn na Ceiltise (Oilthigh Obar Dheathain)

Ùghdarrasan ionadail mar eisimpleir, Comhairle nan Eilean Siar, Gàidhealtachd, Earra-Ghàidheal & Bòid, Peairt & Ceann Rois.

Comann Rìoghail Tìr-eòlais na h-Alba

Sgoil Eòlais na h-Alba, Dùn Èideann

Comann Ainmean-àite na h-Alba

An Dr Richard Cox (Oilthigh Obar Dheathain)

Mgr Iain Friseal (Comann Ainmean-Àite na h-Alba)

Mgr Peadar Morgan (Stiùiriche, CLI)

An Dr Daibhidh Rothach (Stiùiriche, Comunn Rìoghail Tìr-eòlais na h-Alba)

An t-Oll. W F H Nicolaisen (Oilthigh Obar Dheathain)

An Dr Sìm Mac an Tàilleir (Oilthigh Chill Rìmhinn)

Mgr Roy Wentworth

An Dr Iain R MacIlleBhàin

Chaidh ath-sgrùdaidhean a dhèanamh bhon uair sin le co-chomhairle bho chom-pàirteachas Ainmean-Àite na h-Alba (Gaelic Place-names of Scotland).

Leas-phàipear C: Clàr-mìneachaidh

Ainm sònraichte	Ainm air feart a tha ga chomharrachadh bho fheartan teacsa eile den aon sheòrsa is/no ainm dealbhach, m.e. Caisteal Shruighlea.
Ainm dealbhach	Ainm air feart leithid bocsa-litrichean, clach-mhìle no bocsa-fòin.
Stòr-dàta Nàiseanta Mion-chunntas Tìre (NTD)	Stòr-dàta anns a bheilear a' gleidheadh dàta a' buntainn ri feartan corporra is crìochan air uachdar na dùthcha. Iomradh : Ìrean Nàiseanta airson gluasad fiosrachadh didsiteach. Beag-fhaclair briathrachais.
Àrainneachd rinneadh le daoine	Nithead is feartan a chaidh a chruthachadh le daoine, a' gabhail a-steach na h-àrainneachd togte.
Àrainneachd nàdarra	Nithead is feartan a chaidh a chruthachadh mar thoradh air gluasad nàdarra (gun bhuidh dhaoine).

Leas-phàipear D: Sgrìobhainnean Buntainneach

- Ordnance Survey Quality System Specification 013127 – Topo-96 capture and maintenance.
- Gaelic Names in Scotland, G Little 1996 – Issues Paper Customers & Products.
- Gaelic Names in Scotland, DE Andrews 22/11/96 – Issues from a DC Field perspective.
- Consultation Paper 2/1998.
- Ordnance Survey Names Policy v1.1 July 1999.
- Gaelic Names in Scotland, C Dawson 11 Nov 1999 – A guide to current practice in Ordnance Survey.

